

AITEAL

DEIREADH-SHEACHDAIN LEASACHAIDH DO SGRÌOBHADAIREAN DRÀMA

DÈ TH' ANN?

'S e greis ionnsachaidh agus sgrìobhaidh a th' ann an Aiteal, do sgrìobhadairean Gàidhlig. Thar deireadh-sheachdain fada bheir e dhaibh an cothrom bùithtean-obrach a fhrithealadh air sgilean sònraichte, agus ùine a chuir seachad ag obair air pròiseact sgrìobhaidh dràma ann an àrainneachd taiceil, sìtheil. Bidh an deireadh-sheachdain air a lìbhrigeadh leis an dràmaire Lynda Radley, còmhla ri Seona NicClintock, an Stiùiriche Cruthachail aig Theatre Gu Leòr, agus oide shònraichte.

[Aiteal is a Gaelic writers' retreat. Over a long weekend, writers will attend workshops to develop skills and techniques, as well as spending time on a playwriting project in a supportive, peaceful environment. The weekend will be facilitated by the playwright and dramaturg Lynda Radley, along with Seona McClintock, Creative Director of Theatre Gu Leòr, and a guest tutor.]

CÒ DHA A THA E?

Tha an cothrom seo fosgailte do sgrìobhadairean aig diofar ìrean. Tha sruth ann do sgrìobhadairean a tha air dealbh-cluich a sgrìobhadh roimhe (dràmairean eòlach), agus sruth eile don fheadhainn a tha a' tighinn gu dràma airson a' chiad uair (dràmairean ùr). Tha sinn a' cuir fàilte air sgrìobhadairean bho ghnèithean litreachais eile, a leithid bàrdachd neo rosg, a tha airson sgrìobhadh dràma a leasachadh.

Bidh na seiseanan gan lìbhrigeadh ann am Beurla agus Gàidhlig, ach bu chòir do chompàirtichean a bhith ag obair air sgrìobhadh sa Ghàidhlig. Mar sin, tha an cothrom seo freagarrach a-mhàin do dhaoine le comas sgrìobhaidh Gàidhlig.

[The opportunity is open to writers at different stages. There is one stream for writers who have written for the stage before (experienced playwrights) and another stream for those who are new to playwriting or who want to brush up on the basics (new playwrights). We welcome writers from other literary forms, such as poetry or prose, who would like to try playwriting.

The sessions will be delivered in English and Gaelic, but participants should work on Gaelic writing projects. Therefore, this opportunity is appropriate for those with Gaelic writing ability.]

CUIN AGUS CÀITE?

Bidh Aiteal a' ruith bho **Diardaoin 27mh den t-Samhain gu Diluain 1d den Dùbhlachd**, aig an t-Seann Taigh-Ghrùide ann an Cromba.

Feumaidh compàirtichean a bhith saor airson na làithean seo air fad.

[The retreat will run from **Thursday 27th November to Monday 1st December**, at the Old Brewery in Cromarty. Applicants must be free for the whole duration.]

PRÒGRAM

Latha 1: Siubhal & fàilte

Latha 2: Bùth-obrach & ùine sgrìobhaidh & còmhraidh le aoigh shònraichte

Latha 3: Bùth-obrach le oide shònraichte & ùine sgrìobhaidh

Latha 4: Bùth-obrach & ùine sgrìobhaidh & leughadh obrach

Latha 5: Beachdan deireannach, crìoch & siubhal dhachaigh

Bidh ùine ann tron deireadh-sheachdain airson sgrìobhaidh neo-eisimilich. 'S urrainn do chompàirtichean obair air dealbh-chluich ùr, neo air pròiseact a tha aca mu thràth.

Airson compàirtichean san t-sruth dràmairean ùra, bidh barrachd stiùireadh ann tron ùine sgrìobhaidh gus eòlas a chur air bunaitean sgrìobhaidh airson an àrd-ùrlair.

Thèid clàr-ama nas mionaidiche a' sgaoileadh ron deireadh-sheachdain.

[Day 1: Travel & welcome

Day 2: Workshop & writing time & conversation with special guest

Day 3: Workshop with guest tutor & writing time

Day 4: Workshop & writing time & sharing of work with feedback

Day 5: Final thoughts, wrap up & travel home

There will be independent writing time throughout the weekend. Participants can work on a new piece of drama, or bring an existing project.

For participants in the new playwrights stream, more direction and support will be given during the writing time, to develop the foundations of writing for the stage.

A more detailed schedule will be distributed ahead of time.]

PÀIGHEADH & TAIC AIRGID

'S e cothrom pàighte a tha seo, gus cothrom leasachaidh agus sgrìobhaidh a thoirt do chompàirtichean gun uallach a bhith orra mun a bhith a' call a-mach air obair. Bidh pàigheadh ann de £750 do gach neach a bhios a' faighinn àite.

Tha àite-fuireach agus biadh gan toirt seachad mar phàirt den cothrom. Thèid cosgaisean siubhail (bho sgìre sam bith ann an Alba agus a-rèir am Poileasaidh Siubhal Gu Seasmhach againn) a phàigheadh le Theatre Gu Leòr.

[This is a paid opportunity, to give participants the chance to spend time writing and developing without the worry about missing out on work. A fee of £750 will be paid to each participant.

Accommodation and food are provided as part of the retreat. Travel costs will be paid by Theatre Gu Leòr (from anywhere in Scotland and in line with our Sustainable Travel Policy).]

MU DHEIDHINN AN SGIÒBA

Bidh an deireadh-sheachdain air lìbhrigeadh le Lynda Radley. Tha dealbhan-cluiche Lynda air a bhith gan riochdachadh san Rìoghachd Aonaichte, Èirinn, na Tìrean Ìsle, na h-Innseachan, na Stait Aonaichte agus Quebec. Tha i air obair na dramaturg air sgrìobtaichean tèatar, dannsa agus obair devised. Fhuair i duaisean Fringe First an Scotsman airson *Futureproof* agus *The Interference*. Chaidh *The Interference* ainmeachadh air geàrr-liosta an duais Saorsa Labhairt Amnesty International. Tha i na ball bhòrd Playwrights' Studio Scotland agus tha i tric na meantair airson sgrìobhaichean dràma ùr.

Bidh taic ann cuideachd bho Seona NicClintock, a tha na stiùiriche cruthachail air Theatre Gu Leòr. Se riochdaire a th'ann an Seona, le eòlas air leasachadh sgrìobtaichean ùra, an dà chuid ann an Gàidhlig agus ann am Beurla, agus taic a chuir ri luchd-ealain beachdan ùra a leasachadh.

Bidh aoigh sònraichte againn airson còmhraidh air an obair aca, agus bùth-obrach a lìbhrigeadh. Thèid ainm an aoigh a dhearbhadh ro làimh.

[The weekend will be facilitated by Lynda Radley. Lynda's plays have been produced in The UK, Ireland, The Netherlands, India, The USA, and Quebec. She has worked as a dramaturg in scripted theatre, dance and devised theatre. Lynda received Scotsman Fringe Firsts for *Futureproof* and *The Interference*. *The Interference* was shortlisted for the

Amnesty International Freedom of Expression Award. Lynda is a board member of Playwrights' Studio, Scotland and frequently mentors emerging playwrights.

The retreat is also hosted by Seona McClintock, the Creative Director of Theatre Gu Leòr. Seona is a producer with experience of developing new writing in both English and Gaelic, and working with artists to bring new ideas to life.

We will be joined by a guest tutor, still to be announced, for a special workshop and a conversation about their work.]

IARRTASAN & CÌNN-LATHA

Airson àite iarraidh, bu chòir do sgrìobhadairean am foirm seo a lìonadh ro mheadhan-latha air **Dihaoine 10mh den Dàmhair**:

<https://forms.gle/hNDhhmCUKZkCNQ6c7>

Gheibh na tagraichean uile fios air ais ro dheireadh an latha air Diluain 13mh den Dàmhair.

[To apply for a place, writers should fill in the following form by midday on **Friday 10th October**:

<https://forms.gle/hNDhhmCUKZkCNQ6c7>

All applicants will be informed of the outcome of their application by the end of the day on Monday 13th October.]